



ceumannan 5

ceumannan 5

Ro-ràdh
Introduction

Fàilte gu Ceumannan 5 – an còigeamh leabhar ann an cùrsa do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig san àrd-sgoil. 'S e prìomh amas a' chùrsa sgilean Gàidhlig nan sgoilearan a thoirt air adhart gu ìre far a bheil iad a' fàs nas cofhurtaile ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig anns na ceithir sgilean cànan ann an diofar shuidheachaidhean. Leasaichidh seo na sgilean cànan aca ann an eòlas agus tuigse a tha feumail dhaibh. Tha na cuspairean tarraingeach agus a' buntainn ris an t-saoghal aca fhèin le cliopan bhidio an lùib cuid de na stuthan. Thathar an dùil gum bi seo na thaic agus na chuideachadh dha na sgoilearan air an ceum gu fileantachd sa chànan. Tha cruth a' chùrsa stèidhichte air a' Churraicealam airson Sàr-mhathais agus air an Àrd Ìre.

Modalan an Leabhair

Tha còig aonadan ann an **Ceumannan 5**.

Aonad	Cuspair
1	Air feadh an t-Saoghail
2	Làithean na h-òige, làithean na slàinte
3	Ar Saoghal
4	Litreachas
5	Sùil air ais

Gheibhear clàr mionaideach de dh'aonadan, cuspairean, agus cànan ann am **Pàipear-taic 1 Ceumannan 5 – Structar a' Chùrsa**.



Tha **Ceumannan 5** a' leantainn an aon structair ri Ceumannan 1-4. A bharrachd air na h-aonadan fhèin, tha earrannan feumail eile ann. Anns gach aonad gheibhear:

- **Faclan is abairtean** Liostaichean de dh'fhaclan ùra aig deireadh gach aonaid.
- **Sùil air ais** Obair a bharrachd a bhios a' daingneachadh nam puingeas as cudromaiche a thog ceann san aonad.
- **Ceum a bharrachd** Eacarsaichean eile, mar as trice le beagan a bharrachd susbaint annta dha na sgoilearan as adhartaiche.

Stuth a bharrachd

Faclair – Gheibhear faclair Ceumannan 5 air-loidhne far an cluinnear gach facal/abairt air fhuaimneachadh ann an Gàidhlig. Tha seo gu h-àraid feumail do na sgoilearan aig an taigh agus bhiodh e feumail nan cuireadh tidsearan seachad beagan ùine a' sealltainn nan goireasan air-loidhne do na sgoilearan.

Notaichean an Tidseir – Tha iad seo cuideachd air-loidhne. An seo, gheibhear stiùireadh mun chùrsa, na h-earrannan èisteachd, earrannan bhidio agus freagairtean. Gabhaidh rud sam bith a tha air-loidhne a chur suas air bòrd eadar-ghnìomhach sa chlas. Dh'fhaodadh sin a bhith gu feum nuair a bhios an clas ag obrachadh còmhla air gèam no air puing cànan ùr.

Ceumannan air-loidhne – An seo gheibhear measgachadh de stuth a bharrachd a bhios gu feum don chùrsa. Gabhaidh cuid de na duilleagan a luchdachadh a-nuas

An Àrd-Ìre

Chaidh an cùrsa a stèidheachadh air a' Churraicealam airson Sàr-mhathais agus tha an obair a' coileanadh builean ionnsachaidh na h-Àrd-Ìre.

Chaidh an cùrsa a chruthachadh le cothroman do sgoilearan a bhith ag obair ann an diofar dhòighean agus airson dùbhlann a thoirt do dhaibh-san aig gach ìre obrach. Bu chòir do na sgoilearan gach stoidhle ionnsachaidh a chur gu feum airson gach buil a choileanadh.

Tha e air leth cudromach gum faigh na sgoilearan fhèin cothrom taghadh a dhèanamh air dè na pìosan obrach a nì iad no dè an sgil a chleachdar airson na pìosan a dhèanamh. Mar eisimpleir, faodar taghadh a dhèanamh eadar èisteachd no leughadh agus labhairt no sgrìobhadh aig amannan, agus cha bhithear an dùil gun dèan gach sgoilear gach pìos obrach. Faodar taghadh a dhèanamh an dà chuid a thaobh toil agus comais. Chan eilear a' sùileachadh gun obraich sgoilear sam bith tron h-uile eacarsaich ann an aonad sam bith.

Tha cothroman aig na sgoilearan a bhith ag ionnsachadh ann an diofar dhòighean – ag obair leotha fhèin, ann an càraid, ann am buidheann agus mar chlas slàn. Bu chòir dleastanas a bhith air na sgoilearan fhèin airson na tha iad ag ionnsachadh. Bheir na h-aonadan agus làrach Ceumannan seachad taic airson an t-amas seo a choileanadh bhon a tha na h-uiread de ghoireasan ann airson a bhith a' rannsachadh, airson faclan a lorg dhaibh fhèin, airson fuaim facail a dhearbhadh agus airson obair leudachaidh.

Thathar a' moladh gun tèid sgoilearan an sàs san ionnsachadh aca fhèin, le goireasan feumail air-loidhne agus san leabhar. Tha eacarsaichean ann a bhios a' toirt orra smaoinichadh air



a' chànan a tha iad ag ionnsachadh agus na dòighean a thathar a' cleachdadh airson sin a dhèanamh. Thathar a' moladh gum biodh cuid de na h-eacarsaichean san leabhar cuideachd freagarrach mar obair-dachaigh.

Tha gach cuspair ann an Ceumannan 5 a' bualadh air na ceithir prìomhachasan anns an Àrd-Ìre – Comann-sòisealta, Ionnsachadh, Comas air obair agus Cultar.

ICT ann an Ceumannan 5

Tha ICT air a mholadh tron chùrsa, agus aig amannan sònraichte tha e riatanach gun tèid ICT a chleachdadh. Dhèanadh e feum rùm coimpiutaireachd no banca de choimpiutairean a chur an gnìomh nuair a tha an clas air fad an sàs ann an gnìomh ICT. An uair sin, tha obair aig a h-uile duine ri dhèanamh agus chan eil leisgeul aig duine a bhith na thàmh. Tha cothroman sa chùrsa filmichean a thogail de dhealbhan-cluiche, òraidean agus òrain a ghabhail sa chlas far am faic na sgoilearan mar a chaidh dhaibh agus dè ghabhadh dèanamh a thaobh leasachaidhean air an cuid obrach. Bu chòir ICT a bhith air a chleachdadh gu cunbhalach ann an clasaichean Gàidhlig mar a thathar a' moladh sa **Churraicealam airson Sàr-mhathais**. Tha gu leòr de chothroman an seo eadar earrannan èisteachd agus earrannan bhidio air-loidhne, rannsachadh air an eadar-lìon, geamaichean agus faclair air-loidhne. Gheibh na sgoilearan cothrom a dhol an sàs ann an teicneòlas agus ann am beagan fealla-dhà fhad 's a tha iad ag obair air cànan ùr a' chùrsa aig an aon àm. Tha seo cuideachd a' ciallachadh gum biodh cothrom aig sgoilearan obair a dhèanamh aig an taigh tron stuth air-loidhne aig www.storlann.co.uk/ceumannan/leabhar5

Tha an cùrsa mothachail air an dleastanas a th' air gach roinn san àrd-sgoil airson àireamhachd agus litearrachd a thoirt air adhart agus tha iad seo air am filleadh a-steach dha na h-eacarsaichean sa chùrsa.

Cleas ghoireasan eile sa **Churraicealam airson Sàr-mhathais**, chan fheumar Ceumannan no obair sam bith na lùib a chumail airson aon chlas a-mhàin. 'S math dh'fhaodte gum biodh cuid de na h-eacarsaichean, na pròiseactan, na geamannan agus na h-òrain gu feum ann an clasaichean eile (fileantaich nam measg).

Molaidhean Teagaisg

Chaidh Ceumannan 5 a sgrìobhadh gu sònraichte do sgoilearan a tha air Ceumannan 1, 2, 3 agus 4 a rannsachadh mar-thà. Ach, dh'fhaodadh pìosan sònraichte den leabhar a bhith gu feum do chlasaichean eile nach robh an sàs roimhe ann an Ceumannan. Tha seo suas ris an tidsear fhèin.

Le cùrsa mar seo, tha e nas fhasa dòighean-teagaisg AiFL a chur an gnìomh – ag obair mar chlas airson amasan an leasain a thoirt dhaibh agus taisbeanadh a dhèanamh air na puingeann ùra agus air faclan cudromach aig toiseach gnothaich. Thathar a' moladh gum bi an clas air a thoirt còmhla a-rithist aig deireadh an leasain airson dèanamh cinnteach gu bheil sgoilearan air na prìomh puingeann a thogail agus gu bheil iad an comas na puingeann sin a mhìneachadh.

Aig deireadh gach aonaid, tha cothrom ann do sgoilearan sùil a thoirt air liosta de phrìomh puingeann an aonaid gus dearbhadh gu bheil air an togail.



Tha obair ann do sgoilearan aig gach ìre comais. Far a bheil duilgheadasan sònraichte aig sgoilearan, thathar a' moladh gun lean iad orra tro na h-aonadan a' dèanamh eacarsaichean a fhreagras air an comas. Chan eilear a' sùileachadh gun dèan a h-uile sgoilear a h-uile pìos obrach.

Ann an Ceumannan 1 gu 4, bha e feumail do thidsearan na h-earrannan èisteachd air-loidhne a luchdachadh a-nuas air eagal is gun robh trioblaidean ann leis an eadar-lìon. Tha an aon chothrom ann seo a dhèanamh le earrannan èisteachd Cheumannan 5.

Tha earrann bhidiothan a' nochdadh tron chùrsa agus gheibhear iad sin cuideachd air làrach-lìn Cheumannan 5.

Ged a tha measadh deireadh cùrsa ann airson na h-Àrd-Ìre, chan eil measadh foirmeil an cois a' chùrsa seo, ged a dh'fhaodar feadhainn de na pìosan-obrach a chleachdadh airson sin a dhèanamh. Tha cothroman gu leòr ann measadh neo-fhoirmeil a dhèanamh ge-tà, agus cothroman aig na sgoilearan a bhith a' meas a chèile agus a bhith gam meas fhèin cuideachd.

Chan eil e gu diofar dè na tha ann de ghoireasan, 's e an tidsear fhathast prìomh ghoireas a' chùrsa agus feumaidh e/i a dhol an sàs ann an obair a' chlas fad an t-siubhail. Bidh buaidh aig tidsear èifeachdach air clas, ge b' e dè na goireasan a tha rim faighinn. Feumaidh an tidsear cothroman a thoirt dha na sgoilearan Gàidhlig a chluinntinn agus a bhruidhinn agus tha àrainn Ghàidhlig air leth cudromach do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Thathar a' moladh gun tèid coimhearsnachd Ghàidhlig a stèidheachadh san roinn agus, nan gabhadh a dhèanamh, san sgoil. Tha e cudromach gum bi obair nan sgoilearan air na ballachan, agus gum bi postairean, leabhraichean, irisean agus sanasan Gàidhlig gan cuartachadh.

Tha an leabhar aig cridhe a' chùrsa ach chan eilear idir a' moladh gur e sin an aon ghoireas a bu chòir do thidsearan a chleachdadh, gu h-àraid airson builean na h-Àrd-Ìre a choileanadh. Bhiodh e feumail cothroman a thoirt do sgoilearan a bhith a' coimhead agus ag èisteachd ri prògraman rèidio agus TBh, agus cuireadh a thoirt do dhaoine tighinn a bhruidhinn riutha san sgoil air diofar chuspairean, gus an tuig iad gu bheil Gàidhlig air a cleachdadh gu cunbhalach taobh a-muigh ballachan a' chlas. Nam biodh cothrom ann a dhol a choimhead air buidheann Ghàidhlig taobh a-muigh na sgoile, mar eisimpleir colaiste, stèisean rèidio no sgoil-àraich, bhiodh sin air leth feumail cuideachd.

